

BM-12: An Teaghlach

The Family

Presenter: Sarah Cruickshank



ÌRE **Bunaitheach-Meadhanach**
CUSPAIR **An Teaghlach**
PUINGEAN CÀNAIN **Ainmearan buill teaghlaich**
Chan eil ... ach
Àireamhan dhaoine (dithis, triùir ...)

SARAH:

Fàilte. Tha sinn a' dol a thoirt sùil air na facail a th' againn air buill teaghlaich, facail mar athair, màthair, nighean, mac agus eile.

Mar as trice ann an teaghlach, bidh an t-athair, a' mhàthair agus a' chlann. Chi sibh an sin - ged a tha clann a' ciallachadh dithis no triùir no ceathrar no barrachd - gur e ainmear singilte a th' ann: a' chlann.

Ma tha clann aig na pàrantan 's dòcha gum bi mac agus nighean ann, no mic agus nigheanan ma tha teaghlach mòr aca. A bharrachd air an athair 's a' mhàthair 's air a' chloinn; a bharrachd air a' mhac 's an nighinn, tha daoine eile ann an teaghlach.

Anns an teaghlach agamsa, tha m' athair agus mo mhàthair: Iain agus Iseabail. Tha mise ann, agus tha bràthair agus piuthar agam cuideachd. 'S e Murchadh an t-ainm a th' air mo bhràthair agus 's e Cairistiona a th' air mo phiuthar. Uaireannan bidh mi duilich nach eil bràithrean agus peathraichean eile agam, oir 's toil leam teaghlaichean mòra. Ach ann an dòigh, tha an teaghlach againne mòr. Tha athair agus màthair aig mo mhàthair: an seanair agus an t-seanmhair agam, Dòmhnall agus Mairead. Tha mo sheanair agus mo sheanmhair sin a' fuireach faisg oirnn ann am Baile an t-Sagairt.

LEVEL **Beginner-Intermediate**
TOPIC **The Family**
LINGUISTIC POINTS **Family members**
No ... but
Counting people (two, three ...)

SARAH:

Welcome. We are going to take a look at the words we use for family members, words like father, mother, daughter, son and so on.

A family usually consists of the father, the mother and the children. You can see there - that although "clann" can mean two, three four or more - it is a singular noun: the children.

If parents have children they might have a son and a daughter, or sons and daughters if they have a large family. As well as the father, the mother and the children; besides the son and the daughter, there are other family members.

In my family, there's my father and my mother: Iain and Isobel. There's me, and I have a brother and sister too. My brother's name is Murdo and my sister's name is Christina. Sometimes I feel sad that I don't have more brothers and sisters, because I like large families. But in a way, our family is large. My mother has a mother and a father: my grandfather and grandmother, Donald and Margaret. That grandfather and grandmother live near us in Balintaggart.

BM-12: An Teaghlach

The Family

Presenter: Sarah Cruickshank



Chan eil ach aon phiuthar aig mo mhàthair. 'S e Seonag an t-ainm a th' oirre agus chan eil clann aice. Mar sin chan eil ach trìùir oghaichean aig an t-seanair 's an t-seanmhair ann am Baile an t-Sagairt: mi fhìn, mo bhràthair agus mo phiuthar. Bidh mo sheanair ag ràdh gur e mise an t-ogha as fheàrr a th' aige. Ach 's dòcha gum bi e ag ràdh sin ri mo bhràthair 's mo phiuthar cuideachd. Cò aige tha fios?

Tha seanair agus seanmhair eile agam - na pàrantan aig m' athair. 'S e Calum-Iain a th' air an t-seanair eile agus 's e Oighrig a th' air an t-seanmhair eile agam, ach tha iadsan a' fuireach fada air falbh, ann an Àird nan Seileach. Tha mòran oghaichean acasan, oir tha mi fhìn, mo bhràthair 's mo phiuthar aca, ach tha bràithrean is peathraichean aig m' athair, agus tha clann acasan cuideachd.

Tha sin a' ciallachadh gu bheil dusan ogha aig mo sheanair 's mo sheanmhair sin, eadar an trìùir againne ann am Baile an t-Sagairt agus an naoinear eile ann an Àird nan Seileach.

Nuair a dh'fhàsas mise mòr, bu toil leam mic agus nigheanan, 's dòcha dithis mhac agus trìùir nigheanan - còignear cloinne uile gu lèir - agus nuair a dh'fhàsas mi sean, bu toil leam mòran oghaichean faisg orm. Chan eil mi ach òg fhathast, ged-thà, agus tha tìde gu leòr agam fhathast airson a bhith a' smaoinneachadh mu theaghlach.

Beannachd leibh an-dràsta.

My mother only has one sister. Her name is Joan, and she doesn't have any children. That means my grandfather and grandmother in Balintaggart only have three grandchildren: me, my brother and my sister. My grandfather says I'm his favourite grandchild. But perhaps he says that to my brother and my sister too. Who knows?

I have another grandfather and grandmother - my father's parents. My other grandfather is called Calum-Iain and my other grandmother is called Effie, but they live far away in Ardnashellach. They have lots of grandchildren, because there's me, my brother and my sister, but my father also has brothers and sisters, and they have children too.

This means that grandfather and grandmother have a dozen grandchildren, between the three of us in Balintaggart and the other nine in Ardnashellach.

When I grow up, I'd like to have sons and daughters perhaps two sons and three daughters - five children altogether - and when I grow old, I'd like to have lots of grandchildren nearby. I'm still only young, though, and I have plenty of time to think about a family.

Goodbye for now.